



**Fairer
Scotland**
Scottish
Government



Social Security Scotland
Tèarainteachd Shòisealta Alba



A bheil iomagain ort mu bhith a' pàigheadh rudan leithid màl, morgaidse, no bilean cumhachd mar thoradh air a' choròna-bhìoras? **Tha taic ri fhaighinn.**

Tha Riaghaltas na h-Alba agus lìonra Comhairleachaidh an t-Sluaigh an seo gus do cuideachadh. Is urrainn dhut fios a chur gu loidhne-chuideachaidh Comhairleachadh an t-Sluaigh Alba (**0800 028 1456**) agus comhairle fhaighinn air-loidhne (**cas.org.uk**) no is urrainn dhut fios a chur dhan bhùro ionadail tro **cas.org.uk/bureaux** gus fios fhaighinn mun taic uile a tha ri fhaighinn.

Morgaidse/màl

Tha a' mhòr-chuid de sholaraichean morgaidse a' tabhann saoradh bho phàighidhean morgaidse fad suas ri trì mìosan. Mar thoradh air fèill fìor mhòr air seo, tha tòrr de na companaidhean ag iarraidh air na cliantan aca iartas a dhèanamh air-loidhne far an gabh sin dèanamh. **Cha bhi e comasach dhut seo a dhèanamh ma tha thu air dheireadh leis na pàighidhean agad.**

Ma tha thu nad theanant, bu chòir dhut fios a chur dhan neach leis a bheil an t-àite-fuirich agad gus faighinn a-mach an urrainn dhut a bhith sùbailte leis na pàighidhean agad aig an àm seo. Tha Riaghaltas na h-Alba air ceuman a ghabhail gus an t-àm rabhaidh as giorra a leudachadh dhaibhsan a tha a' fuireach ann an taigheadas air mhàl gu suas ri sia mìosan - gad dhìon bho bhith air d' fhuadachadh.

Thathar a' brosnachadh thighearnan-fearainn a bhith sùbailte le teanantan aig a bheil duilgheadasan le bhith a' pàigheadh am màl agus gus beachdachadh air saoradh rè ùine fhaighinn bho phàighidhean morgaidse fhad 's a tha nas lugha de mhàl a' tighinn a-steach.

Bilean cumhachd, fòn is mar sin air adhart

Ma tha e doirbh dhut bilean leithid dealan agus fòn a phàigheadh, cuir fios dhan t-solaraiche agad gus faighinn a-mach dè an taic a gheibh thu. Faodaidh tu fios a chur gu Home Energy Alba air **0808 808 2282** airson comhairle saor is an-asgaidh.

Tha Ofcom, riaghladair a' bhann-leathainn air innse do sholaraichean a' bhann-leathainn nach fhaod iad am bann-leathainn a chur dheth airson daoine nach eil comasach air pàigheadh. Tha e nas fheàrr brath a chur chun t-solaraiche agad gu dìreach gus faighinn a-mach mar as urrainn dhaibh cuideachadh.

Ma tha thu ann an cruaidh-chàs ionmhasail, bu chòir dhut fios a chur gu seirbheis sam bith dham bi thu a' fo-sgrìobhadh no anns a bheil ballrachd agad - bidh tòrr dhiubh deònach stad a chur air na pàighidhean agad rè ùine aig an àm seo. Mar eisimpleir, tha Sky Sports a' toirt cothrom do na fo-sgrìobhadairean stad a chur air na fo-sgrìobhadhean aca rè ùine le bhith a' cur fios gu **Sky.com**

Sochairean

Tha grunn shochairean air am faodaidh tu a bhith airidh ma tha an teachd a-steach agad air ìsleacadh. Is urrainn dhan àireamhair shochairean **Entitledto.co.uk** do chuideachadh gus tuigsinn na dh'fhaodadh tu fhaighinn.

Airson barrachd fiosrachaidh agus gus tagradh a dhèanamh airson sochairean, cuir fios gu Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan (DWP). Faodar tagraidhean a dhèanamh air-loidhne no air a' fòn. Ach tha ionadan-obrach fosgailte dhaibhsan a tha feumach air cuideachadh aghaidh-ri-aghaidh leis na tagraidhean aca.

Bidh na loidhnichean fòn trang aig an àm seo, ach bidh foighidneach agus fuirich air an loidhne gus dèanamh cinnteach gum faigh thu a-mach mu na bheil thu airidh air. Gach latha nach cuir thu fòn thuca no a dh'fhàsas tu sgìth de dh'fheitheamh, dh'fhaodte gun caill thu airgead.

Ma tha thu a' faighinn sochair DWP iomchaidh, is dòcha gum faigh thu pàighidhean bho Thèarainteachd Shòisealta Alba - bidh iad a' tabhann pàighidhean do dhaoine a tha an dùil ri leanabh, dhaibhsan aig a bheil clann òga, do luchd-cùraim, agus dhaibhsan a tha feumach air cuideachadh le cosgais tìodhlacaidh, am measg dhaoine eile.

Taic bhon chomhairle

Is urrainn do chomhairlean ionadail taic a thabhann cuideachd. Dh'fhaodte gum bi sochair taigheadais, lùghdachadh ann an cìs na comhairle no sùbailteachd le pàighidhean nan roghainnean cuideachd.

Bidh comhairlean cuideachd a' stiùireadh Maoin Sochair na h-Alba - bidh a' mhaoin seo a' pàigheadh airgead do dhaoine ann an suidheachadh èiginneach aig nach eil dòigh sam bith eile gus pàigheadh airson na tha a dhìth orra mar eisimpleir, biadh, gas no dealan.

Bancaichean-bìdh

Faigh a-mach dè an taic a tha ri faighinn bhon chomhairle an tòiseach - dh'fhaodte gun urrainn dhan chomhairle agad cuideachadh le airgead no eàrlasan airson biadh.

Is urrainn dhut fios mun bhanca-bìdh ionadail agad a lorg aig **trusselltrust.org** agus **foodaidnetwork.org.uk**. Innsidh am banca-bìdh dhut mar a gheibh thu eàrlas.

Bilean eile

Ma tha duilgheadas agad le bhith a' pàigheadh bhilean eile, cuir fios do na solaraichean agus luchd-creideis agad - tha e nas fheàrr fios a chur thuca gu dìreach gus faighinn a-mach an urrainnear iasadan, cairtean creideis, cùmhnantan ionmhais agus pàighidhean eile a lughdachadh aig an àm seo.

Tha am BBC air dàil a chur air na h-atharrachaidhean air a' cheadachas TBh an-asgaidh do dhaoine a tha nas sine na 75. Tha seo a' ciallachadh gum bi an cheadachas TBh an-asgaidh fhathast ann gu 31 Iuchar 2020.

Ag obair air do cheann fhèin

Ma tha thu ag obair air do cheann fhèin, dh'fhaodte gum bi thu airidh air taic bho Sgeama Taic Teachd a-steach airson daoine a tha ag obair air an ceann fhèin aig Riaghaltas na RA. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig **cas.org.uk**

Fòrladh (Furlough)

Ma thèid do chur air fòrladh, tha seo a' ciallachadh gu bheil luchd-obrach fhathast air a' rola-phàighidh ged nach eil iad ag obair. Faodaidh gnothachasan 80% de thuarastal an luchd-obrach aca fhaighinn bhon riaghaltas, suas ri £2,500 airson gach neach-obrach, gach mìos ro chisean. Is urrainn dhan chompanaidh agad cur ris a' phàigheadh seo seo ma thogras i. Feumaidh i sgrìobhadh thugad gus innse dhut gun deach do chur air fòrladh.

Amannan feitheimh

Thoir an aire gu bheil fèill mhòr air tòrr de na seirbheisean seo aig an àm seo. Dèan seo air-loidhne mas urrainn dhut. Mura h-eil sin na roghainn feumaidh tu a bhith deònach feitheamh air an loidhne fad ùine mhòr ma chuireas tu fòn. Faic a bheil roghainn Saor-fòn ann an toiseach. Is dòcha gum bi thu airson faighinn a-mach mar a tha a' dol leis an iarrtas agad le bhith a' fònadh, ach faodaidh mòran ghairmean fòn dàil a chur air seirbheisean.

Airson taic dhìomhair an-asgaidh mu dhuilgheadasan ionmhais, cuir fios dhan loidhne-chuideachaidh air **0800 028 1456**, faic **cas.org.uk** no cuir fios dhan bhùro ionadail tro **cas.org.uk/bureaux**